

The Electoral Commission

Coimisean An Taghaidh

Ur stiùireadh mu thaghaidhean comhairlean na h-Alba

Diardaoin 5 Cèitean 2022

Air Diardaoin 5 Cèitean 2022, bidh taghaidhean comhairle ann air feadh na h-Alba.

Ann an taghadh seo bidh sibh a' bhòtadh le a bhith a' cleachdadh àireamhan air a' phàipear-bhòtaidh.

Mìnichidh an leabhran seo dhuibh na dh'fheumas fios a bhith agaibh ron taghadh is càite am faigh sibh tuilleadh fiosrachaidh.

Tha am fiosrachadh seo ceart aig àm a dhol an clò air 4 Gearran 2022. Son an fhiosrachaidh as ùire mun taghadh is ceumannan sàbhailteachd COVID-19, thigibh gu electoralcommission.org.uk/voter no cuiribh fios air a' chomhairle ionadail.

Ciamar a chlàras mi son bhòtadh?

Feumaidh sibh a bhith clàraichte son bhòtadh ro mheadhan-oidhche air **Diluain 18 Giblean 2022** son bhòtadh san taghadh seo. Mura h-eil sibh clàraichte son bhòtadh mar-thà, tha e riatanach gun clàraich sibh cho tràth is a ghabhas mus fheum ur n-oifis-chlàraidh fiosrachadh a dhearbhadh leibh.

Mura robh sibh clàraichte a-riamh roimhe seo, no ma ghluais sibh ur dachaigh bho chionn ghoirid, faodar clàradh air-loidhne aig www.gov.uk/register-to-vote no le bhith fònadh gu **0800 3 280 280** son tuilleadh fiosrachaidh.

Ma fhuair sibh cairt bhòtaidh o chionn ghoirid aig an t-seòladh làithreach agaibh tha sibh clàraichte airson bhòtadh agus chan fheumar clàradh a-rithist. Ma thathas mì-chinnteach a bheileas clàraichte airson bhòtadh, cuiribh fios chun na h-oifis-chlàraidh taghaidh ionadail agaibh.

Gus fiosrachadh conaltraidh fhaighinn mun oifis-chlàraidh taghaidh ionadail agaibh, thigibh gu electoralcommission.org.uk/voter

Am faod mi bhòtadh san taghadh seo?

Faodaidh sibh bhòtadh anns an taghadh seo ma tha sibh clàraichte son bhòtadh ann an Alba agus ma bhios sibh 16 no nas sine air Diardaoin 5 Cèitean 2022. Feumaidh sibh cuideachd a bhith aon chuid:

- nur saoranach Breatannach no Èireannach, no
- nur saoranach den Cho-fhlaitheas no den Aonadh Eòrpach, no saoranach cèin sam bith eile aig a bheil cead a dhol a-steach no fuireach san RA, no aig nach eil feum air a leithid de chead

Chan fhaod saoranaich Bhreatannach a tha fuireach thall-thairis bhòtadh ann an taghaidhean comhairlean na h-Alba.

Cò dha a tha mi a' bhòtadh?

Nuair a thathas a' bhòtadh san taghadh seo, bithear a' bhòtadh do dhaoine a tha a' seasamh son a bhith gan taghadh mar chomhairlichean. Bidh comhairlichean taghte gur riochdachadh air a' chomhairle ionadail agaibh.

Tha e an urra ri comhairlean ionadail co-dhùnaidhean a dhèanamh ciamar a thèid airgead a chosg gus seirbheisean poblach ionadail a thoirt seachad. Leithid:

- foghlam
- cùram sòisealta
- taigheadas
- rathaidean is còmhdhail phoblach
- an àrainneachd
- seirbheisean cur-seachad agus leabharlainn
- seirbheisean cultarach
- seirbheisean sgudail

Tha gach comhairle ann an Alba air a roinn ann an sgìrean nas lugha ris an canar uàrdan. Bidh gach uàrd ga riochdachadh le suas ri còignear comhairlichean.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air làrach-lìn ur comhairle. Gus làrach-lìn na comhairle ionadail agaibh a lorg thigibh gu mygov.scot/find-your-local-council

Ciamar a lìonas mi am pàipear bhòtaidh?

Airson an taghaidh seo bithear **a' bhòtadh le àireamhan**. Bidh na tagraichean uile a tha a' seasamh airson a bhith nan comhairlichean san uàrd agaibh gan ainmeachadh air a' phàipear-bhòtaidh. Iarrar oirbh na tagraichean àireamh ann an òrdugh ur roghainn, a' cleachdadh **1, 2, 3 is mar sin air adhart**.

Cia mheud tagraiche as urrainn dhomh taghadh?

San taghadh seo **faodadh sibh na h-uimhir no cho beag de roghainnean a dhèanamh 's a thogras sibh**.

Cuiribh **àireamh 1** sa bhogsa bhòtaidh ri taobh **ur ciad** roghainn.

Cuiribh **àireamh 2** sa bhogsa bhòtaidh ri taobh **ur dàrna** roghainn.

Cuiribh **àireamh 3** sa bhogsa bhòtaidh ri taobh **ur treas** roghainn.

Is mar sin air adhart.

Chan fheum àireamh a chur ri taobh gach tagraiche.

Ma nì sibh mearachd air ur pàipear bhòtaidh, faodar fear ùr iarraidh.

Gus tuilleadh fhaighinn a-mach mun t-siostam bhòtaidh airson taghaidhean comhairle na h-Alba agus mar a thathas a' cunntadh nam bhòtaichean thigibh gu **electoralcommission.org.uk/voter**

Gheibh sibh pàipear-bhòtaidh coltach ris an fhear san dealbh seo:

[NAME OF COUNCIL] – [NAME OF WARD]	
[Number to be elected] of the candidates listed below will be elected. You can make as many or as few choices as you wish. Put the number 1 in the voting box next to your first choice. Put the number 2 in the voting box next to your second choice. Put the number 3 in the voting box next to your third choice. And so on.	
ANDERSON Hans 57 Easter Road, Anytown Rowan Party	<input type="checkbox"/>
CRANSTON Helen 912 Main Street, Anytown Beech Party	<input type="checkbox" value="2"/>
FLEMING Douglas Martin 112 South Street, Anytown Independent	<input type="checkbox" value="4"/>
HAMILTON Flora 45 Hill Place, Anytown Willow Party	<input type="checkbox"/>
KUMAR Kuldip 3 Castle Wynd, Anytown Elm Party	<input type="checkbox" value="1"/>
MACDONALD Donald Alexander 4 Elgin Ave, Anytown Oak Party	<input type="checkbox"/>
MACKENZIE Robert William Sutherland 192 Blackhall Road, Anytown Independent	<input type="checkbox" value="3"/>
MASTERS Susan Caroline 93 Holyrood Road, Anytown Sycamore Party	<input type="checkbox" value="5"/>

Cleachdaibh àireamhan son bhòtadh.

Cuiribh na tagraichean ann an òrdugh àireimh a-rèir ur roghainn, a' cleachdadh

1, 2, 3 is mar sin air adhart.

Chan fheum àireamh a chur ri taobh gach tagraiche.

Faodar pàipear-bhòtaidh ùr iarraidh ma nì sibh mearachd.

Dè na dòighean eadar-dhealaichte a tha ann son bhòtadh?

Tha trì dòighean bhòtaidh ann:

1. Aig an ionad bhòtaidh agaibh air Diardaoin 5 Cèitean

Innsidh a' chairt bhòtaidh agaibh càite a bheil an t-ionad bhòtaidh agaibh. Chan fheum sibh ur cairt son bhòtadh, agus ma chailleas sibh i, no mura d' fhuair sibh i, faodaidh sibh fios a chur dhan chomhairle agaibh is innsidh iadsan càite a bheil an t-ionad bhòtaidh agaibh. Bidh ionadan bhòtaidh fosgailte eadar 7m is 10f.

2. Tron phost

Son bhòtadh tron phost, lìonaibh bileag-iarrtais bhòt-phuist, agus cuiribh i gu oifis-chlàraidh nan taghaidhean ionadail gus an ruig i ro 5f air Dimàirt 19 Giblean.

Gheibh sibh ur pàipearan-bhòtaidh tron phost. Lìonaibh is cuiribh air ais ur pàipear-bhòtaidh. Bithibh cinnteach gum fàg sibh tìde gus an ruig e a' chomhairle ionadail agaibh ro 10f Diardaoin 5 Cèitean.

3. Le neach-ionaid (leigeil le neach eile bhòtadh às ur leth)

Ma tha sibh ag iarraidh bhòtadh le neach-ionaid, lìonaibh bileag-iarrtais is cuiribh i gu oifis-chlàraidh nan taghaidhean ionadail gus an ruig i ro 5f air Dimàirt 26 Giblean.

Ann an èiginn, mura faigh sibh fhèin gun ionad bhòtaidh, faodar neach-ionaid èiginneach iarraidh ro 5f air Diardaoin 5 Cèitean.

Son tuilleadh fiosrachaidh, no son bileag-iarrtais bhòt-phuist no bhòt le neach-ionaid, thigibh gu electoralcommission.org.uk/voter no fònaibh thugainn air **0800 3 280 280**.

Dè chì mi aig an ionad bhòtaidh?

Bidh ionadan bhòtaidh sàbhailte son bhòtadh aig àm COVID-19 agus leanar stiùireadh Slàinte Phoblach na h-Alba.

Bithear a' gabhail grunn cheumannan gus ur cumail sàbhailte ma bhòtas sibh gu pearsanta san ionad bhòtaidh.

Aig an ionad bhòtaidh, is dòcha gum faic sibh mòran de na ceumannan sàbhailteachd a chuireadh an sàs ann an àiteachan a-staigh eile leithid bhancachan agus bùthan.

Bithear a' sùileachadh gun cleachd sibh stuth glanadh làimhe a bhios ann nuair a thig sibh a-mach is a-steach, agus feumar masg a bhith oirbh fad na tìde (ach ma bhios sibh saor bhon leithid). Bidh sàr-fhionnarachadh ann agus glanadh uachdar gu cunbhalach. Is dòcha gun cleachdar sgrìonaichean plastaig. Tha sibh làn di-beathte ur peann no ur peansail fhèin a thoirt leibh gus na pàipearan bhòtaidh agaibh a chomharrachadh.

Bidh riaghailtean astarachaidh ann, agus is dòcha gum faicear siostam aon-slighe. Is dòcha gun fheumar feitheamh ann an loidhne aig an ionad bhòtaidh oir chan fhaod ach àireamh shuidhichte de luchd-bhòtaidh a bhith san togalach aig àm sam bith.

Dòighean eile bhòtadh.

Mura h-eil sibh son bhòtadh gu pearsanta, faodaidh sibh bhòtadh tron phost no le neach-ionaid (iarraidh air neach eile bhòtadh às ur leth).

Ma dh'fheumas sibh sibh fhèin a chumail air leth air sgàth COVID-19, faodar cur a-steach airson neach-ionaid èiginneach suas gu 5f Diardaoin 5 Cèitean.

Son an fhiosrachaidh as ùire mun taghadh is ceumannan sàbhailteachd COVID-19, thigibh gu electoralcommission.org.uk/voter no cuiribh fios air a' chomhairle ionadail.

Ciamar a gheibh mi barrachd fiosrachaidh?

Ma tha ceistean agaibh, no ma thathas ag iarraidh am fiosrachadh as ùire fhaighinn mu na taghaidhean, thigibh gu electoralcommission.org.uk/voter no fònaibh thugainn air **0800 3 280 280**.

Dheasaich Coimisean an Taghaidh an leabhran seo.

'S e Coimisean an Taghaidh a' bhuidheann neo-eisimeileach a chumas sùil air taghaidhean is ionmhas poilitigeach anns an Rìoghachd Aonaichte. Tha sinn ag obair gus earbsa anns a' chùrsa dheamocratach adhartachadh agus gus a dhèanamh dligheach.